



A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Aithisg Bhliadhnail 2009





Aithisg Bhliadhnail 2009

Clàr-innse

1	Ro-ràdh bhon Chathraiche	2
2	Fiosrachadh mu na Fèisean	4
3	Prìomh Sheirbheisean agus Thachartasan	5
4	Am Bòrd Stiùiridh	14
5	Aithisg air Luchd-obrach	15
6	Ballrachd is Obair nam Fèisean	17
7	Cunntas Ionmhasail 2008-09	28

'S e companaidh earranta fo bharantas a th' ann am Fèisean nan Gàidheal, leis an àireamh-chlàraidh SC130071. Agus tha e clàraichte mar bhuidheann-carthannais Albannach le OSCR, àireamh-clàraidh SC002040, agus tha e taingeil airson agus ag aithneachadh na taic a gheibhear bhon phrìomh luchd-maoineachaidh aige:

Comhairle Ealain na h-Alba | Comhairle na Gàidhealtachd | Bòrd na Gàidhlig | Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean | Comhairle nan Eilean Siar | Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid



1 Ro-ràdh bhon Chathraiche

Tha e na thoileachas dhomh Aithisg Bhliadhnail na bliadhna-sa aig Fèisean nan Gàidheal a mholadh dhuibh. Bha 2008-09 na bliadhna air leth trang don bhuidheann agus bha mi toilichte a dhol nam Chathraiche – airson an dàrna turas – às dèidh na h-ùine air leth soirbheachail a bha Ceitidh NicAdhaimh sa chathair. Ar taing do Cheitidh airson mar a stiùir i Fèisean nan Gàidheal tro bhliadhnaichean trang, agus airson mar a thug i a-steach atharraichean is leasachaidhean a thaobh dhòighean-obrach a’ Bhùird.

B’ iomadh seagh anns an do shoirbhich leinn thar na bliadhna, gu sònraichte na Fèisean fhèin, a tha, mar a bha iad riamh, aig cridhe obair na buidhne. Agus ’s ann dhaibh-san ro gach nì eile a tha sinn a’ toirt taic agus dha bheil sinn ag obair.

Tha sinn moiteil cuideachd à Dealbh Dùthcha, pìos ciùil ùr a sgrìobh Blàr Dùghlas, agus sin an aon obair ealain a bha a’ riochdachadh Alba aig Liverpool 2008, agus iad nam Prìomh Bhaile Cultarach na Roinn-Eòrpa. Ron sin chaidh an ceòl a chluich aig a’ Ghàidhealtachd 2007, agus aig cuirm far an robh iad a’ comharrachadh taic bho Mhaoin Dualchais a’ Chrannchair a chuidich le cur air dòigh Taigh-tasgaidh is Galaraidh Ealain Kelvingrove ann an Glaschu.

Shoirbhich le Blas 2008 cuideachd. Bha grunn thachartasan air a’ Ghàidhealtachd agus prògram foghlaim gu math nas motha a thug seinneadairean is luchd-ciùil air leth tàlantach a-steach do sgoiltean san sgìre. Chaidh àireamh an luchd-èisteachd an àirde gu mòr agus bha sinn toilichte gun d’ fhuair sinn taic bho EventScotland, a thuilleadh air taic leantainneach bho luchd-maoineachaidh eile agus Comhairle na Gàidhealtachd, ar prìomh chompartiche ann am Blas.

Bha na Cuairtean Cèilidh ann a-rithist agus bha sinn gu math toilichte gun do thòisich tè ùr sna h-Eileanan Siar, anns an robh luchd-ciùil bho dhiofar Fhèisean a’ gabhail pàirt. Tha iad a’ cur gu mòr ri tarraing na Gàidhealtachd agus nan Eilean airson luchd-turais, agus tha iad a’ toirt deagh oideachadh do dhaoine òga a tha ’s dòcha ag iarraidh a bhith cluich ceòl no a’ seinn gu proifeiseanta.

’S ann moiteil dha-rìribh a tha mi às an obair a tha Fèisean nan Gàidheal a’ dèanamh a thaobh na Gàidhlig, mar a tha sinn a’ tabhann teagasg Gàidhlig do luchd-obrach, luchd-obrach saor-thoileach agus do luchd-teagaisg. Tha ar seirbheisean cuideachd a’ toirt taic do dh’Fhèisean a nì cinnteach gum bi na stuthan foillsichte aca, ann an clò agus air an eadar-lìon, ann an Gàidhlig agus Beurla, agus tha sinn a’ cuideachadh Fhèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil barrachd Gàidhlig an lùib nan clasaichean is nan tachartasan aca. Tha sinn cuideachd ag obair an lùib dràma Gàidhlig. Tha na Fèisean Dràma sna sgoiltean, cuairt Mheanbh-Chuileag timcheall nan sgoiltean Gàidhlig agus mar a thòisich Sgoil Shamhraidh Dràma às ùr uile air leth feumail ann a bhith piobrachadh dhaoine òga an cuid Gàidhlig a chleachdadh.

Anns a’ bhliadhna a dh’fhalbh, thug sinn trèanadh do luchd-obrach saor-thoileach agus luchd-teagaisg agus chunnaic sinn na toraidhean bho ar Pròiseact Thasglann ionmholta nuair a nochd dà fhoillseachadh bhon Chomraich agus Cataibh a Tuath.

Abair gun do chòrd e rinn fàilte a chur air dà Fhèis ùr a thaing fo sgèith Fèisean nan Gàidheal am-bliadhna sa, a sgaoil ar n-obair gu dà sgìre far nach robh sinn roimhe, Gallaibh agus Siorrachd Pheairt.

Bu thoigh leam mo thaing dhùrachdach a thoirt do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal airson an obair chruaidh, ionmholta agus an dicheall thar na bliadhna; do na buill eile air a’ Bhòrd a tha a’ cosg tòrr ùine agus a’ cur an cuid eòlais gu feum air ceann na buidhne; agus gu dearbh don iomadh neach a tha ag obair gu saor-thoileach agus don luchd-eagrachaidh phàighte a tha ag obair aig na Fèisean, don luchd-teagaisg agus don òigridh a tha a’ toirt fuil is fàth do na Fèisean.

Tha Fèisean nan Gàidheal air leth taingeil do ar luchd-maoineachaidh agus iad a’ cumail orra le taic do ar n-obair, a tha sinn den bheachd a bheir dìleab mhaireannach don òigridh dha bheil sinn a’ saothrachadh. Aig àm gu math duilich don eaconamaidh, tha sinn an dòchas gun lean ar taic bho ar prìomh luchd-maoineachaidh:

Comhairle Ealain na h-Alba, Comhairle na Gàidhealtachd, Bòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd & nan Eilean, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Earra-Ghàidheal & Bhòid. Tha sinn cuideachd air leth taingeil do chaochladh luchd-maoinichaidh eile a thug taic do phròiseactan fa leth.

Catrìona Nic an t-Saoir
Cathraiche
Sultain 2009



2 Fiosrachadh mu na Fèisean

2008-09		Àireamh iomlan nan daoine a ghabh pàirt ann am Prògram FnG	
Àireamh iomlan nam Fèisean	44	Fèisean	
Roinn na Gàidhealtachd	19	Àireamh iomlan nan daoine fa leth a ghabh pàirt	6,530
Comhairle nan Eilean Siar	7	Tabhartasan a chaidh a ghealltainn le Fèisean nan Gàidheal	£130,931
Earra-Ghàidheal is Bòid	8	Cosgais iomlan nam Fèisean	£436,437
Baile Dhùn Èideann	1	Clasaichean is Bùthan-obrach	
Lannraig a Tuath	1	Tabhartasan a chaidh a ghealltainn le Fèisean nan Gàidheal	£86,022
Baile Ghlaschu	1	Cosgais iomlan nam Fèisean	£215,055
Sgìre Dhùn Bhreatainn an Iar	1	Luchd-rianachd air am fastadh le Uairean Bliadhnail	
Siorrachd Àir a Tuath	1	Obraichean ionann 's làn-thìde	2.1
Inbhir Chluaidh	1	Tabhartasan a chaidh a ghealltainn le Fèisean nan Gàidheal	£29,588
Siorrachd Shruighlea	1	Maoin Leasachaidh nam Fèisean	
Baile Obar Dheathain	1	Luach iomlan nan tachartasan	£205,000
Siorrachd Mhoireibh	1	Sùm shlàn a chaidh a dhìoladh le Fèisean nan Gàidheal	£72,000
Sgìre Dhùn Bhreatainn an Ear	1	Cuairtean-Cèilidh	
		Tabhartasan a chaidh a ghealltainn le Fèisean nan Gàidheal	£69,000
		Tachartasan Eile	
		YMI: An àireamh a ghabh pàirt ann	3,761
		Luchd-èisteachd airson Meanbh-Chuilleag agus Fèisean	
		Dràma	2,680
		Luchd-èisteachd airson Blas	9,469
		Luchd-èisteachd airson nan Cuairtean-Cèilidh is Cuirmean	14,170
		TABHARTASAN IOMLAN A GHEALLADH ANN AN 2008-09	£387,541
		GU LÈIR: DAOINE A GHABH PÀIRT/LUCHD-ÈISTEACHD	36,610

Fo sgèith Fèisean nan Gàidheal ann an 2008-09

Ainm na Fèise	Àite	Ainm na Fèise	Àite
Fèis an Earraich	Am Ploc	Fèis Arainn	Eilean Arainn
Fèis Lochabair	An Gearasdan	Fèis Mhoireibh	Eilginn
Fèis nan Garbh Chrìochan	Àth Tharracail	Fèis Tìr a' Mhurain	Uibhist a Deas
Fèis Chataibh	Goillspidh	Fèis Eilean an Fhraoich	Steòrnabhagh
Fèis a' Bhealaich	A' Chomraich	Fèis Tìr an Eòrna	Uibhist a Tuath
Fèis Rois nan Deugairean	Ulapul	Fèis Bharraigh	Barraigh
Fèis Eige	Eilean Eige	Fèis Eilean na Hearadh	Na Hearadh
Fèis Rois Òigridh	Ulapul	Fèis an Rubha	An Rubha, Leòdhas
Fèis Farr	Strath Narann	Fèis Taigh Dhonnchaidh	Nis, Leòdhas
Fèis na h-Òige	Inbhir Nis	Fèis Cholla	Cola
Fèis Air an Oir	An t-Srathaidh	Fèis Latharna	An t-Òban
Fèis Ghlinn Albainn	Cille Chuimein	Fèis Mhuile	Muile
Fèis Ratharsaidh	Ratharsaidh	Fèis Thiriodh	Tiriodh
Fèis a' Bhaile	Inbhir Nis	Fèis Ìle agus Dhiùra	Ìle agus Diùra
Fèis Òigridh na Mara	Malaig	Fèis Cheann Loch Goibhle	Ceann Loch Goill
Fèis Inbhir Narann	Inbhir Narann	Fèis an t-Sratha	Blàr-goibhre
Fèis Spè	Cinn a' Ghiuthsaich	Fèis a' Chaolais	Drochaid a' Bhanna
Fèis Dhùn Omhain	Dùn Omhain	Fèis Ghallaibh	Gallaibh
Fèis Dhùn Bhreatainn	Dùn Breatainn	Fèis Dhùn Èideann	Dùn Èideann
Fèis Ghlaschu	Glaschu	Fèis Innis an Uillt	Drochaid an Easbaig
Fèis Lannraig a Tuath	Lannraig a Tuath	Fèis Naomh Conbhail	Inbhir Chluaidh
Fèis Obar Dheathain	Obar Dheathain	Fèis sa Mheadhan	Sruighlea

3 Prìomh Sheirbheisean is Thachartasan

Tha an earrainn seo den Aithisg Bhliadhnail stèidhichte air ar Plana Leasachaidh, a tha a' ruith eadar 2005-10. Fo gach tè de na 6 prìomh sheirbheisean tha raointean obrach sònraichte, agus sna raointean seo tha geàrr-chunntas den obair a rinn Fèisean nan Gàidheal ann an 2008-09.

PRÌOMH SHEIRBHEIS 1		
<i>A' toirt taic do leasachadh Fhèisean fa leth, a' brosnachadh dòighean-obrach a tha fìor mhath agus a' leudachadh na h-àireimh de thachartasan aig na fèisean.</i>		
Seirbheis	Tachartas/Sgeama	Geàrr-chunntas
Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean	<ul style="list-style-type: none"> • Tabhartasan nam Prìomh Fhèisean • Clasaichean fad na Bliadhna • A' Mhaoin Leasachaidh 	Ann an 2008-09 thug Fèisean nan Gàidheal £130,000 mar thaic do 38 prìomh Fhèisean agus £86,000 mar thaic do 31 Fhèisean gus prògram de chlasaichean fad na bliadhna a chumail. Thug a' Mhaoin Leasachaidh taic do phròiseactan le £72,000 a bharrachd, agus mar thoradh air seo bha obair / nithean ùra luach £205,000 a' dol air adhart.
A' lughdachadh an uallaich air luchd-obrach saor-thoileach	<ul style="list-style-type: none"> • Sgioba luchd-obrach taice • Taghadh sheirbheisean taice • Taic a thaobh phoileasaidhean • Sgeama Uairean Bliadhnail 	Tha 13 luchd-obrach làn-thìde agus 2 luchd-obrach pàirt-thìde aig Fèisean nan Gàidheal an-dràsta, agus sin a' ciallachadh 13.4 obraichean ionann 's làn-thìde. Tha an Sgeama Uairean Bliadhnail a' cuideachadh Fhèisean le bhith fastadh luchd-rianachd pàirt-thìde ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. Thug an sgeama seo taic do 2.1 obraichean ionann 's làn-thìde ann an 2008-09. Agus thug pròiseactan eile, gu sònraichte a' chuairt aig Meanbh-Chuileag, taic do 0.7 obraichean ionann 's làn-thìde eile.
Co-labhairt Bhliadhnail	<ul style="list-style-type: none"> • Cùm Co-labhairt Bhliadhnail do dh'Fhèisean a tha nam buill. 	Ann an 2008 chaidh a' Choinneamh Bhliadhnail agus a' Cho-labhairt a chumail sa Ghearasdan air 19 is 20 Sultain, agus bha daoine an làthair a' riochdachadh nam Fèisean bho air feadh Alba.
Àrachas	<ul style="list-style-type: none"> • Glèidh àrachas iomchaidh airson obair is tachartasan nam Fhèisean 	Bidh Fèisean nan Gàidheal a' rèiteachadh poileasaidh iomlan às leth nam Fèisean uile, agus seo a' gabhail a-steach àrachas airson ionnstramaidean, cùram poblach agus cùram luchd-fastaidh.
Stòras Ionnstramaidean Ciùil	<ul style="list-style-type: none"> • A' toirt ionnstramaidean ciùil air iasad do dh'Fhèisean • Gan toirt do dhaoine fa leth air mhàl gus airgead a dhèanamh 	Thar nam bliadhnaichean, tha Fèisean nan Gàidheal air stòras farsaing de dh'ionnstramaidean a chruinneachadh a thèid a sgaoileadh air iasad aig Fhèisean air feadh na dùthcha. Nuair nach eil Fèis ann, thèid tòrr dhiubh fhastadh aig daoine fa leth, agus seo a' toirt cothrom aig prìs reusanta do dhusanan de dhaoine òga air ionnstramaidean.
Dearbhadh air Fiosrachadh Pearsanta	<ul style="list-style-type: none"> • Feumar dearbhadh nas mionaidiche a dhèanamh air gach neach-obrach, tidsear agus neach-obrach saor-thoileach an sàs sna Fhèisean. • A' leantainn oirnn dèanamh 	Tha mar a thathar a' cur an gnìomh Poileasaidh Dìon Chloinne Fhèisean nan Gàidheal riatanach do ar n-obair. Tha e cho cudromach ri rud sam bith co-cheangailte ris a' bhuidheann gu bheil na daoine a tha a' gabhail pàirt sna Fhèisean slàn, fallain agus sàbhailte. Tha sinn a' leantainn oirnn a' làimhseachadh Dhearbhaidhean air fiosrachadh pearsanta dhaoine gun chosgais do na Fhèisean fa leth, agus sinn ag iarraidh an obair rianachd aca a lùghdachadh.

	<p>cinnteach gu bheilear a' leantainn sàr chleachdaidhean a thaobh Dìon Chloinne</p>	
Stòr-dàta Luchd-teagaisg	<ul style="list-style-type: none"> Stòr-dàta luchd-teagaisg a chumail agus Fèisean a chuideachadh 	Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' cumail stòr-dàta luchd-teagaisg, a thèid a leudachadh agus ùrachadh gu cunbhalach. Bidh Fèisean tric ag iarraidh ar cuideachadh coimhead air an stòr-dàta.
A' leasachadh, a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte	<ul style="list-style-type: none"> Ceòl nam Fèis Leabhar 1 agus 2 25 Bliadhna de na Fèisean Leabhar Luchd-teagaisg na Fìdhle Leabhraichean a' Phròiseict Thasglann 	Chuir sinn na leabhraichean le stuthan pròiseict bhon Phròiseict Thasglann againn ri ar catalog ann an 2008-09, chaidh am pròiseact seo a chumail le Fèis a' Bhealaich agus Fèis Air an Oir. Tha àireamh mhath de na foillsichidhean a th' againn mu thràth fhathast gan reic do dh'Fhèisean aig prìs gun phrothaid los gum bi cothrom aca an reic aig a' phrìs-reic gus airgead a thogail.
A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach	<ul style="list-style-type: none"> A' deasachadh iris de ar Cuairt-litir <i>Faileas</i> gu cunbhalach 	Chaidh 4 irisean de chuairt-litir Fèisean nan Gàidheal fhoillseachadh ann an 2008-09. Ghabhadh a thoirt a-nuas air ar làrach-lìn, www.feisean.org , agus chaidh a sgaoileadh tron phost agus air a' phost-d gu còrr is 2,000 neach. Thig an t-susbaint bho Fhèisean agus luchd-obrach.
Taic do dh'Fhèisean Ùra	<ul style="list-style-type: none"> Taic do bhith a' stèidheachadh 2 fhèis ùr gach bliadhna 	Bha sinn air leth toilichte fàilte a chur air Fèis Ghallaibh agus Fèis an t-Sratha (Blàr Ghobharaidh is Baile Raiteir) a chaidh nam buill de Fhèisean nan Gàidheal. Bha sinn ag obair gu dlùth còmhla riutha ro agus rè nam fèisean aca, a shoirbhich gu mòr.
Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fhèisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche	<ul style="list-style-type: none"> A' cumail oirnn a' cuideachadh phròiseactan Fèis fa leth a tha nas motha 	Bha Fèisean air feadh na dùthcha an sàs ann an obair chom-pàirt ann an 2008-09. Nam measg bha Fèis a' Bhaile agus Fèis na h-Òige ann an Inbhir Nis a bha ag obair còmhla agus còmhlan-ciùil a chur gu Fèis Bhlaigh 2008 agus chun nam Fèisean sna h-Eileanan Siar a bha ag obair air cuirm shònraichte airson Fèis Cheilteach Innse Gall fon chuspair "Tilleadh Dhachaigh".
A' leudachadh taic do na Fèisean taobh a-muigh roinnean comhairle a tha dualchasach do na Fèisean	<ul style="list-style-type: none"> Stèidheachadh Oifigear Leasachaidh gus taic a thoirt do dh'Fhèisean ann an Obar Dheathain, Dùn Èideann agus am Meadhan Alba. 	Bha seo na amas do dh'Fhèisean nan Gàidheal airson grunn bhliadhnaichean, ach cha tàinig e gu buil fhathast. Mar as motha de Fhèisean a tha a' nochdadh sna sgìrean seo, 's ann as deatamaiche a tha e gun stèidhichear Oifigear Leasachaidh.

PRÌOMH SHEIRBHEIS 2

A' leudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna Fèisean. Ag adhartachadh labhairt na Gàidhlig mar sheòl conaltraidh is meadhan teagaisg, a rèir fheumalachdan gach coimhearsnachd air a bheil gach Fèis a' frithealadh.

Seirbheis	Tachartas/Sgeama	Geàrr-chunntas
Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal	<ul style="list-style-type: none"> Leasaich agus leudaich cothroman air cànan agus cultar na Gàidhlig tro libhrigeadh Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal 	Tha sinn air a bhith a' sgrùdadh Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal, agus sinn a' coimhead air gach taobh de obair Fèisean nan Gàidheal agus nam Fèisean. Tha e na amas dhuinn gun neartaich an sgrùdadh seo mar a thathar ag ionnsachadh agus a' cleachdadh Gàidhlig aig na Fèisean.
Sgioba Leasachaidh Gàidhlig	<ul style="list-style-type: none"> Sgiobaidhean le Gàidhlig gan cruthachadh gus taic a chumail ri Fèisean ionadail 	Bha an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig ag obair còmhla ri diofar Fhèisean ann an 2008-09 a thaobh diofar iomairtean, nam measg Sgioba-G.
Cruthaich siùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.	<ul style="list-style-type: none"> Stòr-dàta abairtean feumail air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal Barrachd Gàidhlig ri fhaicinn sna stuthan-foillsichte aig na Fèisean, le targaid 30% den stuth a bhith dà-chànanach 	Thathar a' leantainn a' cur ris an stòras abairtean is fhaclan feumail aig na Fèisean. Gheibhear iad sin ri thoirt a-nuas bho làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org . Tha na stuthan-foillsichte air fad aig Fèisean nan Gàidheal dà-chànanach, agus sinn cha mhòr daonnan a' cur feum air sgilean cànan ar luchd-obrach. Tha sinn a' leantainn oirnn a' cumail siùil air stuthan-foillsichte nam Fèisean agus bheir sinn taic phragtaigeach seachad agus sinn a' toirt bàrr is barrachd air an targaid 30%.
Cruthaich Fèisean a tha tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean ùra agus stèidhichte.	<ul style="list-style-type: none"> Barrachd Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig Dèan cinnteach à dealas don Ghàidhlig am measg Fèisean ùra 	Chan e Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig a bh' anns an dà Fhèis ùr ann an 2008-09, ach nochd iad dealas anabarrach don chànan bho thoiseach chùisean. Chaidh na h-àireamhan de dhaoine a' dol chun nam Fèisean Gàidhlig a th' ann mu thràth an àirde pìos beag, agus tha an àireamh bhùthan-obrach tro mheadhan na Gàidhlig an àirde a-rithist aig na Fèisean.
A' leasachadh Dràma Gàidhlig	<ul style="list-style-type: none"> Libhrig prògram Fèisean dràma Gàidhlig Stèidhich Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig 	B' e bliadhna mhòr dha-rìribh a bh' ann an 2008-09 do dhràma aig Fèisean nan Gàidheal, agus sinn a' stèidheachadh Sgoil Shamhraidh Dràma às ùr às dèidh 15 bliadhna às a h-aonais. Chaidh a chumail ann am Port Rìgh sa chiad dà sheachdain den Iuchar 2008, far an tàinig 18 Gàidheil fhileanta, òga cruinn còmhla bho dhiofar cheàrnaidhean de dh'Alba. Am measg nan nithean eile a shoirbhich bha na Fèisean Dràma far am bi ar n-oifigearan, ann an co-bhuinn ris an sgioba foghlaim <i>Out of Eden</i> aig an Eden Court Theatre, a' cuideachadh sgoiltean Gàidhlig gus dealbhan-cluiche aon-achd a dhèanamh. Thèid iad sin an uair sin a chur air aig Fèis Dràma, le suas ri 6 buidhnean a' cruinneachadh airson an latha. Chùm am buidheann dràma-oideachaidh Gàidhlig, Meanbh-Chuileag, cuairt 10-seachdain sa gheamhradh/tràth as t-earrach ann an 2008. Chòrd seo gu mòr ri tidsearan agus sgoilearan.

PRÌOMH SHEIRBHEIS 3

A' leasachadh obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim

Seirbheis	Tachartas/Sgeama	Geàrr-chunntas
Cùmhnant Iomairt Ciùil na h-Òigridh ann an Roinn na Gàidhealtachd	<ul style="list-style-type: none"> A' leantainn oirnn a' leasachadh obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann an co-bhuinn ri YMI air a' Ghàidhealtachd agus Lodainn an Ear 	<p>Tha Fèisean nan Gàidheal fhathast ag obair gu dlùth còmhla ri Comhairle na Gàidhealtachd gus ceòl traidiseanta a thoirt do na 183 bun-sgoiltean gu lèir aca fo bhratach YMI. 'S e prìomh amas na h-obrach ceòl traidiseanta a theagasg fad bliadhna do gach sgoilear suas gu C6, ach ann an tòrr sgoiltean, tha buidhnean nas motha de chlasaichean a' faighinn buannachd às an teagasg. Cumaidh sinn oirnn a' toirt trèanadh agus taic leantainneach don luchd-teagaisg YMI, agus seo ga chur air dòigh le oifigear pàirt-thìde ris a bheil e an urra an cùmhnant a libhrigeadh.</p> <p>Thàinig ar cùmhnant le Comhairle Lodainn an Ear gu crìch, agus tha oifigear aca fhèin a-nis gus an t-seirbheis a chumail.</p>
Cùmhnantan Iomairt Ciùil na h-Òigridh ann an sgìrean eile	<ul style="list-style-type: none"> Leudaich an àireamh chlasaichean ann an ceòl traidiseanta, ann an co-bhuinn ri YMI 	Tha còmhraidhean leantainneach againn le comhairlean eile mu bhith leudachadh na seirbheis gu sgìrean eile, ach gu ruige seo cha deach càil aontachadh gu foirmeil.
Gàidhlig sna sgoiltean	<ul style="list-style-type: none"> Tha Meanbh-Chuileag a' dol a thadhal air sgoiltean air feadh Alba 	Chùm ar Buidheann Dràma-oideachaidh Gàidhlig Meanbh-Chuileag cuairt timcheall gach bun-sgoil Ghàidhlig ann an Alba eadar Faoilteach is Màrt 2009. Bha a' chuairt seo air a maoineachadh le Riaghaltas na h-Alba.
Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim	<ul style="list-style-type: none"> Gabh caochladh chothroman gus dèanamh cinnteach gu bheil barrachd co-obrachadh ann le roinn fhoirmeil an fhoghlaim 	A bharrachd air obair YMI is cuairt Mheanbh-Chuileag, bha Fèisean nan Gàidheal ag obair còmhla ri bun-sgoiltean air a' Ghàidhealtachd agus ann an Siorrachd Pheairt & Chinn Rois mar phàirt den phrògram aca airson GLPS (Gàidhlig ann am Bun-sgoiltean). Cuideachd, bha còrr is 20 sgoil Ghàidhlig an sàs sna Fèisean Dràma Gàidhlig againn air a' Ghàidhealtachd, sna h-Eileanan Siar agus ann an Earra-Ghàidheal is Bòid.



PRÌOMH SHEIRBHEIS 4

Pròiseactan ro-innleachdail is obair fo chùmhnannt, ann am compàirt, air a bheil Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth ag obair

Seirbheis	Tachartas/Sgeama	Geàrr-chunntas
Leasachadh Blas – A’ togail bratach na Gàidhealtachd	<ul style="list-style-type: none"> Leasaich agus leudaich Fèis Bhlais, agus i a’ gabhail a-steach 50 tachartas air a’ Ghàidhealtachd Dèan cinnteach gu bheil Gàidhlig gu math follaiseach an lùib Bhlais Ag amas air 5,000 neach-èisteachd a thàladh do na tachartasan Lean oirnn ag èisteachd ri beachdan an luchd-èisteachd agus an luchd-follaiseachd Dèan cinnteach à càileachd a thaobh cùram luchd-ceannachd agus càileachd a’ chiùil Dèan cinnteach gu bi daoine òga bho na Fèisean an sàs ann am Blas 	<p>Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair ann an co-bhuin ri Comhairle na Gàidhealtachd agus Lionra Luchd-follaiseachd nan Ealain (PAN) gus Fèis Bhlais a chumail agus a leudachadh. Chaidh Fèis 2008 a chumail sa chiad seachdain den t-Sultain, le cuirmean air feadh Roinn na Gàidhealtachd. Cuideachd, bha còrr is 50 tachartas ann an sgoiltean a rinn cinnteach gu robh cothrom fìor mhath aig òigridh san sgìre coinneachadh is conaltradh ri luchd-ciùil bhon fhèis, agus seo a’ cur dualchas na Gàidhlig fan comhair agus ‘s dòcha a’ cruthachadh luchd-èisteachd ùr airson na h-amannan ri thighinn. Thug sinn bàrr air ar targaid airson tiogaidean a reic, le còrr is 5,640 duine a’ frithealadh air na cuirmean-ciùil. Nan cuireadh sibh an àireamh sgoilearan bho ar tachartasan oideachaidh ris an seo, bha 9,469 ann uile gu lèir.</p> <p>Air sailleabh mar a tha Fèisean nan Gàidheal an sàs gu mòr leis an fhèis, tha Gàidhlig agus òigridh aig cridhe ghnòthaichean. Mar thoradh math air seo, fhuair muinntir Fèis na h-Òige agus Fèis a’ Bhaile cothrom cluich còmhla ris na Chieftains aig Eden Court Theatre agus e loma-làn. Agus bha buidheann Fèis eile air an àrd-ùrlar an oidhche sin cuideachd, Canntaireachd.</p>
Cuairtean Cèilidh nam Fèisean	<ul style="list-style-type: none"> Ann am compàirt ri Fèisean, tha sinn ag amas air lionra nan Cuairtean Cèilidh a leudachadh Amas: 5 Cuairtean Cèilidh a chruthachadh 	<p>Bha Cuairtean Cèilidh 2008 air leth soirbheachail, agus chaidh Cuairt Cèilidh nan Eilean Siar a chumail airson a’ chiad uair. Bha seo a’ ciallachadh gu robh 6 Cuairtean Cèilidh ann air feadh Alba a’ toirt cothrom do mu 50 òganach a dhol an sàs ann am prògram barraichte de thrèanadh is chuairtean ciùil. Bha seo cuideachd a’ cur luach ri turasachd chultarach na h-Alba.</p>
Pròiseact Thasglann	<ul style="list-style-type: none"> Pròiseact Thasglann a stèidheachadh 	<p>B’ ann bho neart gu neart a chaidh am Pròiseact Thasglann, agus tha 4 a-mach às na 6 pròiseactan ionadail ris an robh dùil a-nis deiseil no a’ ruith. Nam measg tha Fèis a’ Bhealaich (A’ Chomraich), Fèis Air an Oir (Iar-thuath Chataibh) agus Fèis Cheann Loch Goibhle. Tha Fèis a’ Bhaile agus Fèis na h-Òige ag obair còmhla air pròiseact mu Bhlàr Chùil Lodair. Tha sinn ag obair air beachdan airson a’ phròiseict seo às dèidh 2009.</p>
Buidheann Leasachaidh Ro-innleachdail nan Ealain Gàidhlig (GASD)	<ul style="list-style-type: none"> Cùm agus cuir an gnìomh prògram GASD mar aon de na prìomh chompartichean 	<p>Chùm Fèisean nan Gàidheal orra a’ cur ri obair GhASD agus bha sinn ag obair air Ro-innleachd Nàiseanta airson nan Ealain Gàidhlig rè na bliadhna ris an do ghabh Bòrd na Gàidhlig. Tha e coltach gun tèid fòram ùr an àite GhASD gus coimhead air obair oifigeir ùr a</p>

		thèid fhastadh aig Bòrd na Gàidhlig, le taic bho Chomhairle Ealain na h-Alba, airson cur an gnìomh na ro-innleachd. Gheall Riaghaltas na h-Alba gum biodh na h-ealain Ghàidhlig nam pàirt mòr de na bhios Alba Cruthachail a’ dèiligeadh ris agus gheall iad airgead airson Oifigear Ealain Ghàidhlig.
Na Fèisean ag obair còmhla	<ul style="list-style-type: none"> Brosnaich agus cuidich iad le bhith a’ toirt chothroman do dh’òigridh bho dhiofar Fhèisean a bhith ag obair còmhla 	Thar nan 12 mìos a dh’fhalbh, dh’obraich buidhnean de dh’Fhèisean còmhla air caochladh phròiseactan, nam measg bha Cuairtean Cèilidh, bùthan-obrach do dheugairean, cuirmean-ciùil, turasan cultarach thall thairis, pròiseactan tasglainn agus trèanadh. Thig buannachd daonnan às na ceanglaichean seo a thaobh ionnsachaidh agus mar a tha a’ chlann a’ tighinn air adhart ann an seagh sòisealta is pearsanta.
Lionra Trèanaidh Luchd-teagaisg Ciùil Traidiseanta (TMTTN)	<ul style="list-style-type: none"> Leasaich cothroman trèanaidh agus leasachadh proifeiseanta, a bhios fosgailte don a h-uile duine an sàs anns na Fèisean a thaobh follaiseachd, eagrachaidh no a tha a’ gabhail pàirt annta, agus do dhaoine eile a tha an sàs ann an obair-leasachaidh ciùil traidiseanta no a tha an sàs sa cheòl fhèin 	Cha robh TMTTN a’ dol ann an 2008-09 air sgàth ’s mar a chaidh Fòram Ciùil Traidiseanta (TMF) a stèidheachadh agus sin a’ gabhail os làimh tòrr de na h-amasan a bh’ aig an TMTTN. Ge-tà, dh’aontaich grunn dhaoine na buidhnean aca a riochdachadh aig an TMTTN ma bhios feum air an eòlas a-rithist. Chaidh còmhraidhean neo-fhoirmeil a chumail eadar SAC, Fèisean nan Gàidheal agus TMF mu cho cudromach agus a tha trèanadh luchd-teagaisg ann an saoghal a’ chiùil thraidiseanta, agus ’s dòcha gum bi dleastanasan foirmeil aig an TMTTN a thaobh seo a-rithist, ach an-dràsta chan eilear a’ cur feum air ach mar lionra fiosrachaidh neo-fhoirmeil nuair a bhios e iomchaidh.



PRÌOMH SHEIRBHEIS 5

Ag adhartachadh trèanadh gus na sgilean aig an fheadhainn a tha an sàs sna Fèisean a leudachadh agus gus deagh-ghnè a bhrosnachadh sna Fèisean

Seirbheis	Tachartas/Sgeama	Geàrr-chunntas
Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	<ul style="list-style-type: none"> Air ceann mar a tha Fèisean nan Gàidheal a' libhrigeadh trèanadh 	<p>Tha an uiread de thrèanadh a rèir an iarrtais bho luchd-obrach saor-thoileach, luchd-teagaisg agus luchd-obrach. Chaidh Fèis Trèanaidh air leth soirbheachail a chumail ann an Srath Pheofhair sa Mhàrt 2009. Bha 60 luchd-obrach is luchd-eagrachaidh bho na Fèisean an làthair aig tachartas 2-latha a bha a' tabhann caochladh chùrsaichean co-cheangailte ri taobhan de ghnìomhachas, foghlam agus dualchas a bhuineas do na Fèisean.</p> <p>Chaidh trèanadh do luchd-teagaisg a cumail san Lùnastal 2008 is sa Ghearran 2009 (fad dà latha gach turas). Tha an-còmhnaidh sluagh math aig an trèanadh sa Ghearran, agus ghabh 25 pàirt ann. Thathar an dòchas cùrsa aig Ìre 3 a stèidheachadh bho 2010, rud a tha luchd-teagaisg ag iarraidh.</p> <p>Thèid trèanadh a chumail do luchd-obrach nuair a dh'fheumar, agus chaidh 4 làithean trèanaidh Gàidhlig a chumail ann an 2008-09, le Gilleasbuig Fearghasdan (gràmar) agus Ailig Dòmhnallach (gnàths). Thèid feumalachdan luchd-obrach a chomharrachadh sna sgrùdaidhean luchd-obrach agus thèid frithealadh air gach neach fa leth, no air buidheann de luchd-obrach nuair a tha an aon seòrsa trèanaidh a dhìth air grunn luchd-obrach.</p>
Prògram Trèanaidh Bliadhnail	<ul style="list-style-type: none"> Trèanadh a thoirt do 20 Fèis gach bliadhna Trèanadh a thoirt do 50 neach-teagaisg is neach-eagrachaidh gach bliadhna Prògram trèanaidh a thoirt do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal 	<p>Bha daoine bho 22 Fèisean aig an Fhèis Trèanaidh ann an 2009 ann an Srath Pheofhair. Fhuair 85 luchd-teagaisg is luchd-eagrachaidh trèanadh bhon Fhèis Trèanaidh agus bho cùrsaichean luchd-teagaisg aig Ìre 1 agus Ìre 2. Bha luchd-obrach an sàs ann an 4 Làithean Trèanaidh Gàidhlig, agus ann an trèanadh iomchaidh a rèir na h-obrach a chaidh aontachadh aig na sgrùdaidhean luchd-obrach agus fad na bliadhna nuair a bha cothroman ann. Am measg nan cùrsaichean ann an 2008-09 bha Cànan Breatannach nam Bodhar agus Sgrìobhadh Sgrìobtaichean Gàidhlig.</p>
A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean	<ul style="list-style-type: none"> Leudaich an àireamh chothroman do dheugairean a dhol an sàs sna Fèisean no a bhith an sàs sna Fèisean nas fhaide 	<p>'S ann a' sìor fhàs nas motha a tha na cothroman do dheugairean aig na Fèisean. Am measg nan cothroman sin ann an 2008-09 bha Fèis Alba a bha ag amas air daoine aois 16-25, Cuairtean Cèilidh ann an diofar cheàrnaidhean agus Sgoil Shamhraidh Dràma. Cuideachd, bha tòrr Fhèisean a' ruith rudan a dh'aona-ghnothach do dheugairean, mar Fèis Rois nan Deugairean agus bùthan-obrach airson obair buidhne aig tòrr Fhèisean.</p>

PRÌOMH SHEIRBHEIS 6

A' leantainn oirnn le bhith brosnachadh cheanglaichean nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean agus dùthchannan eile, agus a' togail ìomhaigh nam Fèisean le cothroman PR is sanasachd nas fheàrr

Seirbheis	Tachartas/Sgeama	Geàrr-chunntas
A' cruthachadh Lionra	<ul style="list-style-type: none"> Leudaich, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana 	Tha ceanglaichean obrach fìor mhath fhathast aig Fèisean nan Gàidheal le taghadh farsaing de luchd-compàirt, nam measg buidhnean is roinnean fo sgèith an Rìaghaltais, ùghdarrasan ionadail, luchd-maoineachaidh, agus buidhnean ealain is Gàidhlig. Cuideachd, tha sinn a' leantainn oirnn a' cruthachadh cheanglaichean ri caochladh bhuidhnean coimhearsnachd air feadh na dùthcha.
A' tagradh	<ul style="list-style-type: none"> Ann an co-bhuinn ri Comhairle Ealain na h-Alba agus mar bhall den Fhòram Chiùil Thraidiseanta, bidh Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh obair chudromach a thaobh a bhith brosnachadh agus a' leasachadh ceòl traidiseanta an Alba 	Tha Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh tòrr obair gu dèanamh cinnteach gu bheil sinn air ar faicinn gu follaiseach mar phrìomh bhuidheann ann an obair coimhearsnachd, foghlaim, cànan, shòisealta agus eaconamach. Cuideachd, tha sinn a' dèanamh obair tagraidh chudromach airson Gàidhlig agus na h-ealain thraidiseanta san fharsaingeachd.
Ceanglaichean Eadar-nàiseanta	<ul style="list-style-type: none"> Ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil ìomhaigh eadar-nàiseanta nam Fèisean air a togail agus air a meudachadh 	'S e amas leantainneach a th' ann aig Fèisean nan Gàidheal gun tog sinn air ìomhaigh nam Fèisean aig ìre eadar-nàiseanta, agus tha ar n-obair an lùib Fèis Bhlais na chuideachadh mòr le seo.
Sanasachd is Margaidheachd	<ul style="list-style-type: none"> Tog air agus meudaich ìomhaigh nam Fèisean, ag innse cho soirbheachail sa tha iad, le co-dhiù 10 sgeulachdan naidheachd ionadail / roinneil agus 3 sgeulachdan naidheachd nàiseanta Rannsaich cothroman airson barrachd obair chom-pàirt leis an roinn choimeirsealta 	Tha Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean fhèin air feadh na dùthcha a' toirt pailteas sgeulachdan do na meadhanan ionadail is nàiseanta fad na bliadhna. Tha seo a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum bi ùidh aig a' mhòr-shluagh sna Fèisean fhathast agus eòlas aca mun deidhinn, agus gum fàs an dà chuid. Tha e nas fhasa ceanglaichean a chruthachadh ris an roinn choimeirsealta air sgàth Fèis Bhlais, thoradh tha i na meadhan gus sanasachd a dhèanamh air na ceanglaichean sin. Tha taic choimeirsealta gu buannachd iomadh fèis gu h-ionadail, an dà chuid tro airgead agus taic eile. Tha luach mìltean is mìltean de notaichean san taic seo agus tha e air leth cudromach.
Fiosrachadh	<ul style="list-style-type: none"> Am fiosrachadh uile dà-chànanach, no ann an Gàidhlig a-mhàin nuair a tha e freagarrach Obair còmhla ri HIE gus 	Chaidh na stuthan sgrìobhte uile aig Fèisean nan Gàidheal a dhèanamh san dà chànan a rèir 's mar a tha am Poileasaidh Gàidhlig a' moladh. Neartaichidh am poileasaidh ùr againn gu mòr ar rùn, agus rùn nam Fèisean fhèin, gus stuthan Gàidhlig a dhèanamh.

	<p>rannsachadh a bharantachadh air a' bhuidhe eaconamach a th' aig na Fèisean air gnìomhachasan cultarach is cruthachail air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan</p>	<p>Thòisich an obair seo còmhla ri HIE as t-earrach 2009 agus thèid a foillseachadh nas fhaide air a' bhliadhna. Chuidich luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean fhèin leis an sgrùdadh seo.</p>
An Làrach-lìn agus TFC	<ul style="list-style-type: none"> Cùm suas làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal www.feisean.org 	<p>Tha an làrach-lìn, a tha gu lèir dà-chànanach, fhathast air leth feumail mar sheòl gus na Fèisean a chur fa chomhair an t-saoghail mhòir, agus mar ghoireas do na Fèisean.</p>
Cothroman Taisbeanaidh	<ul style="list-style-type: none"> A' cumail oirnn a' cur air adhart cuirmean taisbeanaidh a gheibh sanasachd mhath 	<p>B' e an cothrom taisbeanaidh a b' fheàrr ann an 2008-09 Dealbh Dùthcha ann an Liverpool mar phàirt de na bha a' dol agus am baile-mòr na Phrìomh Bhaile Cultarach na Roinn-Eòrpa. Bha deich thar fhichead òganach bho air feadh Alba a' cluich pìos ciùil a sgrìobh Blàr Dùghlas. Bha iad cuideachd a' cluich còmhla ri daoine bhon 16 bailtean-mòra Breatannach eile a bha air an riochdachadh ann an Liverpool.</p>



4 Am Bòrd Stiùiridh

Tha an clàr gu h-ìosal a’ sealltainn ballrachd a’ Bhùird an-dràsta air 31 Màrt 2009. Tha na rionnagan (*) a’ comharrachadh bhall a bha ann an dreuchd pàirt dhen bhliadhna, gus an tàinig an t-àm-oifis aca gu crìch, no gus an do leig iad seachad an dreuchd. Tha ‘An làthair’ a’ sealltainn co mhead de na coinneamhan a bh’ ann aig an robh gach ball an làthair.


	Na h-Eileanan Siar		An Làthair
1	Peigi NicIllFhinnein	Fèis Eilean an Fhraoich	1 de 4
2	Ceiteag NicNèill	Fèis Bharraigh	2 de 2
	Sine NicNèill *	Fèis Bharraigh	1 de 2
	A’ Ghàidhealtachd		
3	Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche)	Fèis Lochabair	2 de 2
4	Màiri Oakley	Fèis na h-Òige	2 de 2
5	Magaidh Chamshron	Fèis an Earraich	2 de 2
6	Derek MacIllFhinnein	Fèis a’ Bhealaich	2 de 2
	Ceitidh NicAdhaimh *	Fèis a’ Bhaile	2 de 2
	Laura Green *	Fèis Rois	0 de 2
	Alasdair MacDhòmhnail *	Fèis Lochabair	2 de 2
	Peigi NicNeacail *	Fèis an Earraich	0 de 2
	Earra-Ghàidheal & Bòid		
7	Ealasaid Bain	Fèis Cheann Loch Goibhle	3 de 4
	Sgìrean Eile		
8	Seòras Stoddart (Rùnaire/Ionmhasair)	Fèis Fhoirt	3 de 4
9	Mìcheal Sweeney	Fèis Dhùn Bhreatuinn an Iar	3 de 4
10	Seasaidh Newton	Fèis Dhùn Èideann	3 de 4
	Luchd-amhairc		
	Alasdair MacLeòid	HIE	2 de 4
	Ian Mac a’ Ghobhainn	Comhairle Ealain na h-Alba	0 de 4
	Mòrag Anna NicLeòid	Comhairle na Gàidhealtachd	0 de 4
	An Comhairliche Agnes Rennie	Comhairle nan Eilean Siar	2 de 4
	Luchd-obrach		
	Art MacCarmaig	Stiùiriche, FnG	4 de 4
	Dàibhidh Boag	Manaidsear Leasachaidh, FnG	4 de 4
	Anna Willoughby	Manaidsear Gnìomha, FnG	4 de 4

Chaidh coinneamhan a’ Bhùird a chumail san Àth Leathann air 8 Cèitean 2008, sa Ghearasdan 19 Sultain 2008 agus ann an Inbhir Nis air 5 Dùbhlachd 2008 agus 20 Gearran 2009. A thuilleadh air coinneamhan a’ Bhùird, choinnich am Buidheann Riaghlaidh trì tursan. ‘S e a th’ anns a’ Bhuidheann Riaghlaidh luchd-dreuchda, luchd-amhairc agus triùir luchd-obrach a tha ag obair aig àrd ìre.

* Rè na bliadhna, dh’fhàg Laura Green am bòrd, thoradh gun do dh’fhàg i Fèis Rois airson obair ùr. Am measg na leig seachad an dreuchd am-bliadhna bha Ceitidh NicAdhaimh (a bha na cathraiche), Sine NicNèill, Alasdair MacDhòmhnail agus Peigidh NicNeacail. Chaidh Catrìona Nic an t-Saoir – a chaidh a thaghadh mar chathraiche ùr air 5 Dùbhlachd 2008 – Màiri Oakley, Magaidh Chamshron, Derek MacIllFhinnein agus Ceiteag NicNèill nan àite.

5 Luchd-obrach

Tha an clàr gu h-ìosal a’ sealltainn structar an luchd-obrach mar a bha e air 31mh Am Màrt 2009, agus an dàimh a th’ aige ri ballrachd fharsaing Fèisean nan Gàidheal.



Chìthear gu h-ìosal liosta de luchd-obrach air fad, an obair aca agus far a bheil iad ag obair:

Neach-obrach	Cùmhnant	Dreuchd	Stèidhichte
Art MacCarraig	1.0 ILT maireannach	Stiùiriche	Port Rìgh
Dàibhidh Boag	1.0 ILT maireannach	Manaidsear Leasachaidh	Inbhir Nis
Anna Willoughby	1.0 ILT maireannach	Manaidsear Gnìomha	Port Rìgh
Iona NicDhòmhnaill	1.0 ILT maireannach	Oifigear Trèanadh & Poileasaidh	Port Rìgh
Caomhain Rodgers	1.0 ILT maireannach	Oifigear Leasachaidh	An Gearasdan
Nicola Marshall	1.0 ILT maireannach	Oifigear Leasachaidh	Inbhir Nis
Emily Edwards	1.0 ILT maireannach	Oifigear Tasglainn agus Phròiseactan Sònraichte	Inbhir Nis
Cairistiona Nic an t-Saoir	1.0 ILT maireannach	Oifigear Leasachaidh	Rubha Àird Driseig
Jenna Chuimeineach	1.0 ILT maireannach	Oifigear Leasachaidh	Na Hearadh
Moreen Pringle	0.8 ILT maireannach	Oifigear Ghnothaichean	Port Rìgh
Sandy Gray	0.2 ILT cunntadair	Oifigear Dion Chloinne	Port Rìgh
Rae NicEacharna	0.2 ILT cunntadair	Co-òrdanaiche Ceòl Òigridh	Slèite

Calum Ailig Mac a' Mhaoilein	1.0 ILT maireannach	Oifigear Gàidhlig	Inbhir Nis
------------------------------	---------------------	-------------------	------------

Dougie Beck	1.0 ILT maireannach	Oifigear Gàidhlig (Dràma)	Inbhir Nis
Aonghas MacLeòid	1.0 ILT maireannach	Neach-taic Dràma	Inbhir Nis
Donna NicRath	0.8 ILT cunradair	Stiùiriche Fèis Bhlais	A' Mhanchainn
Brian Ó hEadhra	0.4 ILT cunradair	Stiùiriche Ealain Bhlais	Inbhir Nis
Peter Kane	0.2 ILT cunradair	Manaidsear PR Bhlais	Am Blàr Dubh

'S ann an Taigh a' Mhill ann am Port Rìgh, san Eilean Sgitheanach, a tha a' phrìomh oifis, agus tha coignear luchd-obrach stèidhichte an sin. Tha leas-oifisean aig Fèisean nan Gàidheal air feadh Alba ann an Inbhir Nis, An Gearastan, An Tairbeart (Na Hearadh), agus tha Oifigear Leasachaidh nam Fèisean airson Earra-Ghàidheal ag obair bhon taigh ann an Rubha Àird Driseig.

Cuideachd, bha Cailean Collier agus Deirdre Ghreumach air am fastadh againn fad 10 seachdainean mar phàirt den chuairt aig Meanbh-Chuileag timcheall nam bun-sgoiltean Gàidhlig.



Ministear na Gàidhlig, Micheal Ruiseal BPA, le luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal agus an riaghaltais [Cailean Maclean]



Luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal air an slighe gu ruige mullach Beinn Neibheis

6 Ballrachd is Obair nam Fèisean

Sgìre nam Fèisean: Earra-Ghàidheal (Prìomh Oifigear: Cairistiona Nic an t-Saoir)				
Ainm na Fèise	Àite	Prìomh Fhèis	Clasaichean fad na bliadhna	Leasachaidhean Eile
Fèis Thiriodh	Eilean Thiriodh	Bha a' Phrìomh Fhèis san luchar le 60 duine a' dol gu grunn chlasaichean, nam measg bha: am bogsa, a' phìob, an fhidheall, seinn Ghàidhlig, dràma, bhidio, drummaichean, ionnstramaidean faraim, am feadan & iomain.		
Fèis Mhuile	Muile	Chaidh dà Fhèis deireadh-seachdaineach a chumail –a' chiad tè san t-Samhain 2008 aig an aon àm 's a bha <i>Òran Ùr do Mhuile</i> a' dol air adhart agus an dàrna tè sa Mhàrt 2009. Aig an dà fhèis bha mu 40 duine cloinne ann.	Chùm an Fhèis prògram de chlasaichean ann an seinn Ghàidhlig ann an diofar àiteachan san eilean.	
Fèis Cholla	Eilean Chola	Chaidh an dàrna Fèis a chumail san luchar le mu 40 duine a' gabhail pàirt innte.		Bha a' chomataidh a' sireadh taic-airgid airson chlasaichean do sgoilearan àrd-sgoile à Cola a tha a' fuireach ann an Osdal Ghleann Cruitein aig Àrd-sgoil an Òbain sa bhaile.
Fèis Latharna	An t-Òban	Chaidh an Fhèis bhliadhnail a chumail tràth sa Ghiblean, le còrr is 90 òganach bho sgìre an Òban agus ceàrnaidhean nas fhaide air falbh an làthair.	Measgachadh de chlasaichean: am bogsa, an giotàr, a' chlarsach agus obair buidhne.	Clasaichean drumaireachd còmhla ri Còmhlan Pìoba an Òbain agus còisir Ghàidhlig ùr. Fhuair an Fhèis maoineachadh gus grunn ionnstramaidean a cheannach.
Fèis Ìle 's Dhiùra	Ìle is Diùra	Chaidh an fhèis ìleach a chumail sa Ghearran le 25 daoine òga a' dol gu diofar chlasaichean mar seinn Ghàidhlig, an fhidheall agus a' chlarsach. Bha 15 daoine a bharrachd aig an fhèis ann an Diùra.	Tha an Fhèis a' cumail chlasaichean fìdhleireachd sa choimhearsnachd gu cunbhalach.	
Fèis Cheann Loch Goibhle	Ceann Loch Goill	Chùm iad Fèis sa Mhàrt do dhaoine òga bhon sgìre mun chuairt aig Ionad Chur-seachadan A-muigh Cheann Loch Goill, agus a' chlann a' fuireach ann.	Tha an Fhèis a' cur chlasaichean air dòigh gus taic a chumail ri Còmhlan Cèilidh na Fèise. Cuideachd, chuir iad cuairt timcheall nan	Bha an Fhèis an sàs ann an grunn leasachaidhean ùra thar nan 12 mìos a dh'fhalbh, nam measg bha iad an sàs ann a bhith dèanamh DVD mu

Fèis Cheann Loch Goibhle	Ceann Loch Goill	Chùm iad Fèis sa Mhàrt do dhaoine òga bhon sgìre mun chuairt aig Ionad Chur-seachadan A-muigh Cheann Loch Goill, agus a' chlann a' fuireach ann. Fhuair 30 duine cothrom air ceòl traidiseanta agus cur-seachadan a-muigh.	Tha an Fhèis a' cur chlasaichean air dòigh gus taic a chumail ri Còmhlan Cèilidh na Fèise. Cuideachd, chuir iad cuairt timcheall nan sgoiltean ionadail air dòigh le Ingrid NicEanraig agus Anna Mhàrtainn air ceann ghnothaichean.	Bha an Fhèis an sàs ann an grunn leasachaidhean ùra thar nan 12 mìos a dh'fhalbh, nam measg bha iad an sàs ann a bhith dèanamh DVD mu Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal agus ann a bhith stèidheachadh a' Chuairt Cèilidh <i>Slighe Chaluim Chille</i> .
Fèis Dhùn Omhain	Dùn Omhain	Chaidh an Fhèis seo a chur air chois an-uiridh gus taic a chumail ri òigridh a tha ann am foghlam Gàidhlig sa bhun-sgoil ionadail. Chaidh dà Fhèis a chumail le clasaichean ann an seinn Ghàidhlig, a' phiob, am bogsa agus an fhidheall.	Tha Fèis Dhùn Omhain a' cumail leasan air a' bhogsa gach cola-deug.	Tha an Fhèis a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig Sgoil Gràmair Dhùn Omhain le bhith cruthachadh làrach-lìn dà-chànanach.
Fèis Arainn	Eilean Arainn	Chaidh an Fhèis bhliadhnail a chumail san luchar, le còrr is 60 duine a' dol gu taghadh farsaing de chlasaichean, mar: giotàr, seinn Ghàidhlig, dràma, ealain, a' chlàrsach, dannsa-ceum agus ionnstramaidean faraim.	Tha an Fhèis a' cumail bhùthan-obrach fìdhleireachd air an eilean gu cunbhalach.	Tha Fèis Arainn ag iarraidh gu mòr clasaichean clàrsaich a chur air dòigh san eilean gu cunbhalach.
Fèis Dhùn Bhreatuinn	Dùn Breatainn	Tha Fèis Dhùn Breatuinn a' cumail sreath de sheiseanan na Fèise a mhaireas 10 seachdain aig Ionad Coimhearsnachd	Tha an Fhèis fhathast a' cumail chlasaichean Gàidhlig gu cunbhalach don choimhearsnachd agus sreath de bhùthan-	Fhuair an Fhèis seo maoineachadh gus stuthan taice a cheannach airson nan clasaichean Gàidhlig. Bu



Sgìre nam Fèisean: Na h-Eileanan Siar, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse (Prìomh Oifigear: Jenna Chuimeineach)

Ainm na Fèise	Àite	Prìomh Fhèis	Clasaichean fad na bliadhna	Leasachaidhean Eile
Fèis Bharraigh	Barraigh	Chaidh a’ phrìomh Fhèis a chumail ann an Sgoil Bhàgh a’ Chaisteil eadar 6-11 Iuchar, le 150 duine an làthair.	Tha Fèis Bharraigh a’ tabhann taghadh farsaing de chlasaichean fad na bliadhna.	<p>Bidh Fèis Bharraigh an lùib fèis a tha a’ comharrachadh a’ film ‘Whisky Galore’ san t-Sultain 2009 mar phàirt den Tilleadh Albannach.</p> <p>Chaidh gach tiogaid a reic aig Barrafest am-bliadhna le còrr is 900 an làthair aig an fhèill chiùil seo a mhaireas 2 latha agus anns a bheil tarraing mhòr.</p>
Fèis Tìr a’ Mhurain	Uibhist a Deas	Chaidh a’ phrìomh Fhèis a chumail ann an Sgoil Dhalabrog agus chaidh 105 òganaich a theagasg tron Ghàidhlig. Chaidh gèam iomain càirdeil a chluich feasgar Dhiardaoin.	Tha Fèis Tìr a’ Mhurainn a’ cumail orra le clasaichean fad na bliadhna air caochladh sgilean agus bha àireamhan matha aca aig na clasaichean.	Chaidh dealbhan-camara bho thar nam bliadhnaichean aig an Fhèis a chruinneachadh agus an cur ann an taisbeanadh air leth ùidheil de slaidichean.
Fèis Tìr an Eòrna	Uibhist a Tuath	Bha 106 duine cloinne an sàs ann am Fèis 2008 ann an Sgoil Phabail bho 30 Ògmhios gu 4 Iuchar. Nochd grunn phàrantan is gu leòr de mhuintir an àite aig na cèilidhean air an oidhche.	Tha a’ chomataidh a’ ruith grunn chlasaichean tron gheamhradh, nam measg tha: an fhidheall, am feadan, am bogsa agus drumaireachd.	
Fèis Eilean na Hearadh	Na Hearadh	Chaidh an Fhèis seo a chumail san àrd-sgoil air an Tairbeart le còrr is 70 an làthair.		
Fèis Eilean an Fhraoich	Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais	Bha còrr is 200 òganach aig an Fhèis, a chaidh a chumail am-bliadhna bho 28 Iuchar gu 1 Lùnastal ann an Sgoil MhicNeacail. Bha tòrr chlasaichean ann tro mheadhan na Gàidhlig.	Tha an clas obair buidhne do dheugairean, Oidhche Chiadain, fhathast a’ tarraing òigridh bho air feadh Leòdhais a tha ag iarraidh na sgilean aca a leasachadh.	<p>Thòisich Fèis nan Deugairean mar phàirt den Fhèis an 2008 gus cothroman ionnsachaidh nas adhartaiche a thoirt do dheugairean; chaidh 15 ann.</p> <p>Bha 13 deugairean bho Bharraigh, Uibhist agus Leòdhas an làthair aig bùthan-obrach aig Fèis Cheilteach Innse Gall agus bha iad a’ cluich beò air Radio nan</p>

Fèis Eilean an Fhraoich	Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais	Bha còrr is 200 òganach aig an Fhèis, a chaidh a chumail am-bliadhna bho 28 Iuchar gu 1 Lùnastal ann an Sgoil MhicNeacail. Bha tòrr chlasaichean ann tro mheadhan na Gàidhlig.	Tha an clas obair buidhne do dheugairean, Oidhche Chiadain, fhathast a' tarraing òigridh bho air feadh Leòdhais a tha ag iarraidh na sgilean aca a leasachadh.	Thòisich Fèis nan Deugairean mar phàirt den Fhèis an 2008 gus cothroman ionnsachaidh nas adhartaiche a thoirt do dheugairean; chaidh 15 ann. Bha 13 deugairean bho Bharraigh, Uibhist agus Leòdhas an làthair aig bùthan-obrach aig Fèis Cheilteach Innse Gall agus bha iad a' cluich beò air Radio nan Gàidheal. Chaidh a' chiad Chuairt Cèilidh nan Eilean Siar a chumail ann an 2008. Bha 8 luchd-ciùil tàlantach a' gabhail pàirt ann am Fèis Alba agus thug iad cuairt cola-deug timcheall nan Eilean Siar.
Fèis Taigh Dhonnchaidh	Nis, Eilean Leòdhais	Chaidh an Fhèis a chumail bho 4 – 8 Lùnastal le 11 duine an làthair aig Taigh Dhonnchaidh an Nis.	Tha an Fhèis a' cumail orra a' tabhann chlasaichean fad na bliadhna ann an dannsa Gàidhealach, am bogsa, giotàr agus seinn.	Cheannaich an Fhèis ionnstramaidean le taic bhon Mhaoin Leasachaidh. Tha an Fhèis a' beachdachadh air an tachartas bliadhnail aca a ghluasad chun na Càisge 2009 gus nach bi cus a' tachairt as t-samhradh.
Fèis An Rubha	An Rubha, Eilean Leòdhais	Chaidh Prìomh Fhèis na bliadhna a chumail eadar 4 – 8 Lùnastal ann an Ionad Coimhearsnachd na h-Àirde. Bha còrr is 60 òganach an làthair, le sgioba òg ionadail de luchd-teagaisg gan ionnsachadh.		
Fèis Ratharsaidh	Ratharsaidh	Chaidh an Fhèis seo a chumail air 13 & 14		

Sgìre nam Fèisean: Loch Abar agus sgìre Ghlaschu (Prìomh Oifigear: Caomhain Rodgers)

Ainm na Fèise	Àite	Prìomh Fhèis	Clasaichean fad na bliadhna	Leasachaidhean Eile
Fèis Òigridh na Mara	Malaig & Mòrar		Tha an Fhèis a’ ruith prògram farsaing de chlasaichean fad na bliadhna le mu 90 a’ dol gu clasaichean gach seachdain.	Fhuaras maoin eachadh gus 3 clàrsaich ùra agus 2 phìob ùr a cheannach, agus iad am beachd bùthan-obrach a bharrachd a chumail airson nan ionnstramaidean seo.
Fèis Lochabair	An Gearasdan	Chaidh a’ Phrìomh Fhèis a chumail sa Mhàrt ann an Àrd-sgoil Loch Abar, le 82 a’ gabhail pàirt innte agus 42 duine cloinne eile aois 5-8 an sàs innte.	Tha Fèis Lochabair a’ cumail prògram farsaing de chlasaichean fad na bliadhna. Bidh iad a’ coinneachadh ann an Àrd-sgoil Loch Abar agus tha mu 60 a’ frithealadh nan clasaichean gach seachdain.	Chuir Fèis Lochabair Gàidhlig air CD-ROM Teagaisg Colaiste na Piobaireachd, agus iad an dòchas gum bi e na ghoireas feumail do phìobairean òga le Gàidhlig ann an Alba.
Fèis Eige	Eilean Eige	Chùm comataidh Fèis Eige an Fhèis 2-latha aca san luchar, le clasaichean ann an ealain, an fhidheall, giotàr, drummaichean, am bogsa putain agus an fhìdeag. Chaidh a h-uile aon den 36 a ghabh pàirt san Fhèis an sàs sna seiseanan Gàidhlig agus geamannan. Bha seo na 50% den t-sluagh.		Le taic bho Mhaoin Leasachaidh FhG, cheannaich a’ chomataidh coimpiutair ùr agus prògraman, agus sin a’ ciallachadh gu bheil e nas fhasa dhaibh clàr-ama a dhèanamh agus bileagan is postairean a dhealbh. Bha a’ chomataidh an sàs sa ‘Green Festival’ air an eilean agus iad an dòchas a dhol an sàs ann am fèisean eile.
Fèis nan Garbh Chrìochan	Àth Tharracail	’S e an Fhèis aon de na tachartasan as motha a tha ga chumail san sgìre. Aig Fèis 2008 san luchar, bha clasaichean airson a’ bhogsa, iomain, am feadan, a’ phìob, giotàr, an fhìdeag, dràma, ealain, a’ chlàrsach, ionnstramaidean faraim agus seinn Ghàidhlig. Ghabh 79 pàirt sa Phrìomh Fhèis agus 24 san Fhèis airson clann nas òige.	Thathar a’ cumail clasaichean fad na bliadhna ann an Àrd-sgoil Àird nam Murchan agus Bun-sgoil Àth Tharracail. Am measg nan clasaichean tha am bogsa, an fhidheall, am feadan/a’ phìob agus a’ chlàrsach.	Le taic bho Mhaoin Leasachaidh FhG, cheannaich a’ chomataidh coimpiutair ùr agus prògraman, agus sin a’ ciallachadh gu bheil e nas fhasa dhaibh clàr-ama a dhèanamh agus bileagan is postairean a dhealbh. Tha an Fhèis air a bhith ag obair gu cruaidh còmhla ri sgoil ùr gu h-ionadail agus a’ choimhearsnachd gus solais is uidheam PA a cheannach airson a chur gu feum san sgoil agus àiteachan eile san sgìre. Fhuaras £10,000 mu thràth tro Mhaoin Dìleib

Fèis nan Garbh Chrìochan	Àth Tharracail	'S e an Fhèis aon de na tachartasan as motha a tha ga chumail san sgìre. Aig Fèis 2008 san luchar, bha clasaichean airson a' bhogsa, iomain, am feadan, a' phìob, giotàr, an fhìdeag, dràma, ealain, a' chlàrsach, ionnstramaidean faraim agus seinn Ghàidhlig. Ghabh 79 pàirt sa Phrìomh Fhèis agus 24 san Fhèis airson clann nas òige.	Thathar a' cumail clasaichean fad na bliadhna ann an Àrd-sgoil Àird nam Murchan agus Bun-sgoil Àth Tharracail. Am measg nan clasaichean tha am bogsa, an fhìdeall, am feadan/a' phìob agus a' chlàrsach.	Le taic bho Mhaoin Leasachaidh FnG, cheannaich a' chomataidh coimpiutair ùr agus prògraman, agus sin a' ciallachadh gu bheil e nas fhasa dhaibh clàr-ama a dhèanamh agus bileagan is postairean a dhealbh. Tha an Fhèis air a bhith ag obair gu cruaidh còmhla ri sgoil ùr gu h-ionadail agus a' choimhearsnachd gus solais is uidheam PA a cheannach airson a chur gu feum san sgoil agus àiteachan eile san sgìre. Fhuaras £10,000 mu thràth tro Mhaoin Dileib na Gàidhealtachd.
Fèis Naoimh Chonbhail	Barrhead	Chaidh an Fhèis seo a chumail thar còig latha san Lùnastal. Bha clasaichean ann airson na clàrsaich, seinn Ghàidhlig, an fhìdeall, am bòdhran agus Tae Kwon Do. Bha 26 duine cloinne an làthair.		
Fèis Ghlaschu	Glaschu	Chaidh tachartas 6-latha a chumail sa Ghiblean 2008 le 80 duine cloinne ann tron t-seachdain.	Tron bhliadhna, bha Fèis Ghlaschu a' tabhann bhùthan-obrach ann an dràma, seinn, a' chlàrsach agus an fhìdeag. Chaidh iad seo uile a chumail ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.	
Fèis Innis an Uillt	Drochaid an Easbaig	Chùm an Fhèis 1 tachartas-latha agus trì tachartasan leth-latha am-bliadhna. Am measg nan clasaichean bha iomain, ealain, am bogsa, am bòdhran, Tae Kwon Do, an fhìdeag agus an fhìdeall. Tha àireamhan matha fhathast aig na clasaichean seo, le 30-40 duine cloinne an làthair gach latha.	Chùm an Fhèis bùthan-obrach fad 8 seachdaine airson a' bhogsa agus an fheadain, le 13 is 11 a' dol gu na clasaichean sin. Tha sgioba iomain na Fèise a' sìor fhàs nas fheàrr. Chluich iad ann am farpais aig Comann Iomain Òigrìdh a' Mheadhain, agus fhuair iad an dàrna àite aig ìre aois fo 12, agus an treas àite aig aois fo 10. Fhuair an dà sgioba an dàrna àite san Fhèis Iomain Nàiseanta aig Talla Kelvin	Bha Feis Innis an Uillt gu mòr an sàs sna tachartasan gus 20 bliadhna a chomharrachadh bhon thòisich aonad Gàidhlig ann am Bun-sgoil Innis an Uillt. Bha clann is tidsearan a' cluich aig cèilidh sònraichte agus rinn a' chomataidh DVD le bloighean film bhon 20 bliadhna mu dheireadh.

Sgìre nam Fèisean: Fèis Rois (Prìomh Oifigear: Art MacCarraig)

Ainm na Fèise	Àite	Prìomh Fhèis	Clasaichean fad na bliadhna	Leasachaidhean Eile
Fèis Rois	Siorrachd Rois	<p>Chaidh Fèis Rois Òigridh a chumail aig àm na Càisge ann an 2008 ann an Ulapul le 142 a' gabhail pàirt innte.</p> <p>Chaidh gu math do dh'Fhèis Rois Inbhich a-rithist, ged nach eil i a' faighinn taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal. 'S ann an Ulapul a chaidh a cumail agus ghabh 200 inbheach pàirt innte.</p> <p>Chaidh Fèis Rois Deugairean a chumail san Dàmhair agus bha 173 deugairean ann an Ulapul airson tachartas air leth math.</p>	<p>Bha Fèis Rois, mar as àbhaist, a' cumail caochladh chlasaichean, bùthan-obrach agus clasaichean àrd-chomais rè 2008-09.</p>	<p>Chaidh Cuairt Cèilidh na Fèise a chumail as t-samhradh 2008 agus dh'obraich e fìor mhath.</p> <p>Chùm Fèis Rois cuirm <i>Ceòlraidh</i> shònraichte mar phàirt de Fhèis Bhlais le daoine a ghabh pàirt ann am Fèis Rois thar nam bliadhnaichean agus aoighean eile air an àrd-ùrlar.</p> <p>Tha Fèis Rois a' cumail orra a' dèanamh obair YMI do dh'Fhèisean nan Gàidheal ann an Siorrachd Rois, Gallaibh, Inbhir Nis agus Inbhir Narann.</p> <p>Thug Fèisean nan Gàidheal taic-airgid do dh'Fhèis Rois agus ann an dòighean eile aig àm nuair a bha structar na Fèise ag atharrachadh.</p>

Sgìre nam Fèisean: Taobh Sear na h-Alba agus Fèisean Ùra (Prìomh Oifigear: Dàibhidh Boag)

Ainm na Fèise	Àite	Prìomh Fhèis	Clasaichean fad na bliadhna	Leasachaidhean Eile
Fèis Obar Dheathain	Obar Dheathain	Chaidh a' Phrìomh Fhèis a chumail aig Acadamaidh Harlaw bho 14-16 Gearran le grunn chlasaichean ann. Tha an Fhèis a' tàladh grunn math òganaich le Gàidhlig a tha a' dol an sàs ann an tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig ann am prògram gach latha.		
Fèis sa Mheadhan (Fèis Fhoirt)	Srath Fhoirthe	Thòisich Fèis Fhoirt as t-earrach 2009 le cuid de na daoine a bh' air a' chomataidh aig Fèis sa Mheadhan. Tha an Fhèis ùr a-nis stèidhichte ann an sgìre na h-Eaglaise Brice/Shruighlea.		
Fèis Dhùn Èideann	Dùn Èideann	Chùm an Fhèis dà phrìomh Fhèis am-bliadhna. Chùm iad fèis sa Chèitean 2008 agus tè eile ann an 2009 bho 16 Gearran ann an Sgoil Kaimes ann an Dùn Èideann. Thuit na h-àireamhan pìos ann an 2008, ach chaidh iad an àirde ann an 2009 a-rithist.	Tha Fèis Dhùn Èideann a' cumail prògram farsaing de chlasaichean fad na bliadhna. Bha sluagh math a' nochdadh aig a' mhòr-chuid de seo, ach cha robh na h-àireamhan cho cunbhalach aig cuid eile.	Le taic bho Mhaoin Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal cheannaich an Fhèis coimpiutair ùr agus prògraman, agus ionnstramaidean, a chuir gu mòr ris an stòras ionadail aca.
Fèis an t-Sratha	Blàr-goibhre agus Baile Raiteir	Chaidh Fèis an t-Sratha na ball de dh'Fhèisean nan Gàidheal sa Ghearran 2009. Thàinig an fhèis gu bith mar thoradh air Pròiseact Ath-bheothachaidh Bhlàr-goibhre is Bhaile Raiteir. Tha iad an dùil a' chiad fhèis aon-latha aca a chumail san t-Sultain 2009.		
Fèis Ghallaibh	Gallaibh	Chaidh Fèis Ghallaibh na ball de dh'Fhèisean nan Gàidheal sa Ghearran 2009. Tha dlùth cheangal aig an fhèis ris a' mheur ionadail den Chomunn Ghàidhealach, a tha ag obair gu dìcheallach a dh'ionnsaigh a' Mhòid Nàiseanta, a thèid a chumail ann an Gallaibh ann an 2010. Bha iad an dùil a' chiad fhèis a chumail sa Chèitean 2009.		

Sgìre nam Fèisean: Ceann a Tuath na Gàidhealtachd (Prìomh Oifigear: Nicola Marshall)

Ainm na Fèise	Àite	Prìomh Fhèis	Clasaichean fad na bliadhna	Leasachaidhean Eile
Fèis Air an Oir	An t-Srathaidh		Tha Fèis Air an Oir a' cumail orra le clasaichean fad na bliadhna ann an diofar ionnstramaidean a thuilleadh air bùthan-obrach le luchd-teagaisg air aoi gheachd aca.	Dh'ionnsaich daoine a ghabh pàirt san Fhèis agus a' chomataidh tòrr mu dhualchas na sgìre aca tron Phròiseact Thasglann aig Fèisean nan Gàidheal. Chùm an Fhèis am Mòd Ionadail san Ògmhios 2009.
Fèis a' Bhaile	Inbhir Nis	Chaidh Fèis a' Bhaile a chumail aig Acadamaidh Charleston ann an 2008 bho 20-24 Dàmhair. Aig deireadh na Fèise bha cuirm ann mar as àbhaist le gach duine den 91 a ghabh pàirt an sàs innte.	Le taic a bharrachd bho Chomhairle Ealain na h-Alba agus <i>Awards for All</i> chaidh clasaichean ann an dannsa-ceum, seinn Ghàidhlig agus obair buidhne a chumail feadh na bliadhna.	Bidh Fèis a' Bhaile a' dol an sàs sa Phròiseact Thasglann aig Fèisean nan Gàidheal, agus iad a' coimhead air sgeulachdan, òrain agus beul-aithris co-cheangailte ri Blàr Chùil Lodair. Tha an Fhèis ag obair còmhla ri Fèis na h-Òige gus cuirm a chumail aig Fèis Bhlaigh 2009.
Fèis a' Bhealaich	A' Chomraich	Chaidh a' phrìomh Fhèis a chumail air 3mh is 4mh Dàmhair sa bhun-sgoil agus san talla ionadail.	Chùm Fèis a' Bhealaich clasaichean a bharrachd còmhla ris a' chlub a th' aca às dèidh na sgoile airson a' chiad uair riamh. Chaidh clann gu clasaichean fad na bliadhna ann an dràma agus am feadan.	Mar chrìoch air an obair aca le Pròiseact Thasglann Fèisean nan Gàidheal, dh'fhoillsich an Fhèis leabhran mar phàirt de na bha a' dol aig deireadh-sheachdain na prìomh Fhèise.
Fèis a' Chaolais	Drochaid a' Bhanna		Tha Fèis a' Chaolais a' cumail sreath de bhùthan-obrach gach mìos tron Ghàidhlig. Bidh mu 30 duine cloinne a' dol thuca gu cunbhalach.	
Fèis Chataibh	Goillspidh	Chaidh Fèis Chataibh a chumail sa chiad seachdain de shaor-làithean na sgoile. Chaidh anabarrach math don Fhèis le cha mhòr 100 duine bho gach ceàrnaidh a' tighinn thuite.	Tha an Fhèis a' cumail sreath de bhùthan-obrach fad na bliadhna airson diofar ionnstramaidean. Thòisich iad a' teagasg mandolin am-bliadhna.	Chaidh deireadh-sheachdain airson obair buidhne a chumail sa Ghearran 2009, a' togail air mar a shoirbhich an aon thachartas an-uiridh. Thadhail muinntir Cuairt Cèilidh Chataibh air àiteachan air feadh Chataibh

				is Ghallaibh a-rithist san Iuchar is san Lùnastal 2008.
Fèis Farr	Fàrr, Siorrachd Inbhir Nis		Tha fèill mhòr air Fèis Farr fhathast agus mu 80 duine cloinne mar as tric a' dol chun nam bùthan-obrach gach mìos.	
Fèis Inbhir Narainn	Inbhir Narann	Chaidh Fèis Inbhir Narainn a chumail sa Ghearran, agus iad a' tabhann caochladh chuspairean.	Tha am prògram leantainneach de chlasaichean aig an Fhèis a' dol bho neart gu neart, agus iad a' tarraing dhaoine de dhiofar aoisean is chomasan.	Le taic bho Fhèisean nan Gàidheal, chùm Fèis Inbhir Narainn sreath de chlasaichean àrd-chomais gus an tigeadh piseach air sgilean cuid den chloinn as comasaiche. Agus bha cothrom ann èisteachd ri cuid den luchd-teagaisg airson nan clasaichean seo agus iad a' nochdadh an àrd-chomasan gu sgileil.
Fèis Mhoireibh	Eilginn	Chaidh Fèis Mhoireibh a chumail aig Colaiste Mhoireibh ann an Eilginn san deireadh-sheachain mu dheireadh den Chèitean, agus bha àireamhan glè mhath aca.	Chùm an Fhèis clasaichean airson a' chiad uair am-bliadhna. Bha luchd-teagaisg ionadail a' cumail chlasaichean son na clàrsaich, ionnstramaidean faraim agus seinn Ghàidhlig.	
Fèis na h-Òige	Inbhir Nis	Chaidh Fèis na h-Òige a chumail ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis sa chiad seachdain de shaor-làithean na sgoile. Chaidh 39 duine cloinne chun na prìomh Fhèise le 17 eile a' dol chun na Fèise Bige. Bha gach clas tro mheadhan na Gàidhlig.	Tha Fèis na h-Òige a' cumail orra a' toirt taic do dhràma Gàidhlig agus seinn Ghàidhlig airson deugairean.	Dh'obraich an Fhèis còmhla ri Fèis a' Bhaile gus seiseanan obair buidhne a thoirt do chloinn de gach aois, agus mar thoradh air sin bha cuirm aig an Eden Court Theatre mar phàirt de Bhlas 2008.
Fèis Spè	Bàideanach & Srath Spè	Chaidh Fèis Spè a chumail ann an saor-làithean an Dàmhair ann am Bun-sgoil Bhaile Ùr nan Granndach. Bha cothrom ann do dheugairean fuireach an oidhche agus iad a' frithealadh air an Fhèis, agus chùm iad an Fhèis Bheag a-rithist.	Tha Fèis Spè a' cumail orra a' leasachadh agus a' leudachadh prògram nan tachartasan fad na bliadhna, agus tha iad a' libhrigeadh an YMI ann an sgoiltean san sgìre.	Air sgàth tabhartas bho Chomhairle Ealain na h-Alba, chaidh pròiseact àrd-sgoile air adhart, far an robh luchd-ciùil proifeiseanta a' tadhal air àrd-sgoiltean ionadail gus an t-eòlas is sgilean aca a roinn leis a' chloinn. Chaidh Cuairt Cèilidh a' Mhonaigh Ruaidh a chumail am-bliadhna a-rithist le

				cuirmean san luchar agus san Dùbhlachd air feadh sgìre Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.
Fèis Alba	Am Ploc	Chaidh Fèis Alba a chumail ann an Àrd-sgoil a' Phluic ann an 2008 sa chiad seachdain de shaor-làithean an t-samhraidh. Bha 28 duine an làthair bho na Cuirtean Cèilidh mus deach iad a dh'obair sna sgìrean aca fhèin.		



7 Cunntas Ionmhais gu 31 Màrt 2009

Fo riaghailtean a thàinig a-staigh bho Oifis Riaghladair Bhuidhnean Carthannais na h-Alba (OSCR), feumar na cunntasan bliadhna aig a' bhuidheann an ullachadh agus an nochdadh ann an dòigh shònraichte agus tha tòrr a bharrachd dhuilleagan ann na b' àbhaist. Gheibhear na cunntasan sgrùdaichte slàn ma dh'iarrar air Fèisean nan Gàidheal, no air an làrach-lìn www.feisean.org agus chan eil ann an seo ach ar Cunntas Gnìomhachd Ionmhais airson na bliadhna a' crìochnachadh 31mh Am Màrt 2009 còmhla ri aithris cothromachaidh aig a' cheann-latha sin.

	31.03.09	31.03.08
	Maoin	Maoin
	neo-chuingealaichte	iomlan
	£	£
STÒRAS A-STEACH		
Stòras a-steach bho mhaoineachadh coisinn		
Teachd-a-steach Saor-thoileach	6,815	6,103
Gnìomhachd airson ionmhas a chosnadh	74,808	59,496
Teachd-a-steach bho airgead-seilbhe	3,841	4,904
Stòras a' tighinn a-steach bho gnìomhachd carthannais		
Prìomh Obair	527,764	648,851
Trèanadh	23,413	38,628
Maoin leasachaidh Loch Abar	-	11,290
Fèis Bhlais	337,558	331,449
Pròiseact nan Sgoiltean	223,580	233,027
Leasachadh Gàidhlig	99,907	107,464
Pròiseact Dualchais	36,693	25,000
Stòras iomlan a-steach	1,334,379	1,466,212
STÒRAS COSGTE		
Cosgais ann a bhith cosnadh ionmhas		
Malairt airson airgead a thogail: cosgais nan rudan a reiceadh agus cosgaisean eile	311,749	317,187
Gnìomhachd Carthannais		
Prìomh Obair	605,048	651,921
Trèanadh	63,064	57,964
Maoin leasachaidh Loch Abar	-	31,541
Fèis Bhlais	21,462	21,843
Pròiseact nan Sgoiltean	197,396	262,022
Leasachadh Gàidhlig	154,127	91,916
Pròiseact Dualchais	32,131	12,789
Cosgaisean riaghlaidh	21,228	28,546
Stòras iomlan a chaidh a chosg	1,406,205	1,475,729
STÒRAS A-STEACH/(A-MACH) RO CHÌSEAN	(71,826)	(9,517)
RÈITEACHADH IONMHAIS		
Suimean iomlan gan toirt air adhart	103,352	112,869
A' MHAOIN IOMLAN GA TOIRT AIR ADHART	31,526	103,352

Aithris Cothromachaidh air 31mh Am Màrt 2009

	31.03.09	31.03.08
	Maoin	Maoin
	neo-chuingealaichte	iomlan
	£	£
MAOIN STÈIDHICHTE		
Maoin Stèidhichte	6,212	8,282
MAOIN LUATH		
Earrannan		
Luchd-fiach	146,686	98,742
Airgead sa Bhanca	<u>30,620</u>	<u>160,502</u>
	177,306	259,244
CREIDEASAICHEAN		
Suimean ri phàigheadh sa bhliadhna	(151,992)	(164,174)
	<hr/>	<hr/>
MAOIN LUATH GU LÈIR	<u>25,314</u>	<u>95,070</u>
MAOIN GU LÈIR ÀS AON AIS FIACHAN LUATH		
	31,526	103,352
	<hr/>	<hr/>
MAOIN GU LÈIR	<u>31,526</u>	<u>103,352</u>
MAOINEAN		
Maoinean neo-chuingealaichte:		
Maoin choitcheann	<u>31,526</u>	<u>103,352</u>
MAOINEAN GU LÈIR	<u>31,526</u>	<u>103,352</u>